



SCOTTISH LAND COMMISSION  
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Scottish Land Commission  
Gaelic Language Plan 2022-2027 –  
Report 2022-23

Coimisean Fearainn na h-Alba  
Plana Gàidhlig 2022-2027 –  
Aithisg 2022-23

## **Facal-toisich**

Tha fearann aig cridhe dearbh-aithne, eaconamaidh is coimhearsnachdan na h-Alba. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' putadh air adhart le prògram ath-leasachadh an fhearainn a ghabhas a-steach gach cuid fearann bailteil agus fearann dùthchail, gus piseach a thoirt air torrachas, iomadachd agus cunntachalachd nan dòighean sa bheilear a' sealbhachadh agus a' cleachdadh fearann na h-Alba. Tha ceangal fad-ùineach ann eadar ath-leasachadh an fhearainn, a' Ghàidhlig agus muinntir na h-Alba, agus tha an dualchas seo a' cumail a' dol an-diugh. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba an geall air taic a thoirt don Ghàidhlig tron Phlana Ghàidhlig againn a thoirt gu buil.

Feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba, mar ùghdarras poblach, aithisg a chur a-steach a bhios a' toirt cunntas air an adhartas a rinn sinn ann le bhith a' cur a' Phlana Ghàidhlig 2022-2027 againn an gnìomh.

Còmhla ris an Fhoirm Dàta Bhliadhna 2022-2023, tha an aithisg seo a' cur an cèill na gnìomhachdan Gàidhlig a bha againn eadar 26 Faoilleach 2022 agus 26 Faoilleach 2023.

Tron chiad bhliadhna seo den phlana againn, tha sinn air tòiseachadh air a' Ghàidhlig a thoirt a-steach sna gnìomhachdan againn ann an dòigh nas dìcheallaiche, le fòcas air na seanailean conaltraidh againn taobh a-staigh na buidhne, gus aire air cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig àrdachadh am measg an luchd-obrach againn, agus le bhith a' cleachdadh a' chànain barrachd air na seanailean conaltraidh taobh a-muigh againn, a' gabhail a-steach sna meadhanan sòisealta agus sna foillseachaidhean againn.

## **Soidhnichean Gàidhlig**

Chuireadh an cèill sa phlana againn: "Gus ìomhaigh na Gàidhlig a thoirt am follais barrachd, cuiridh an Coimisean Gàidhlig air an t-soidhne aige taobh a-staigh Taigh an Longman agus cumaidh e air a' togail dàimh le deagh sheirbheis eadar-theangachaidh." A bharrachd air sin, bha sinn an geall air na "soidhnichean air taobh a-muigh nan toglaichean oifis agus ann an àiteachan-pàrcaidh" a dhèanamh "gu tur dà-chànanach". Air 1 Sultain 2022, ghluais an Coimisean à Taigh Longman gu An Lòchran, togalach air campas Oithigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (UHI). Thug sinn an seòladh ùr sa Ghàidhlig don h-uile neach-obrach aig deireadh an Lùnastail agus chaidh na blocaichean soidhneachaidh againn airson post-d ath-ùrachadh leis.

Chan eil ann ach ainm Gàidhlig air an àite ùr againn, agus tha soidhnichean dà-chànanach san togalach fhèin, agus tha raon de shoidhnichean Gàidhlig air feadh a' champas, a' gabhail a-steach ainmean thogalaichean, soidhnichean comhaireach agus mapaichean. Tha an Coimisean a' co-phàirteachadh àrainn deasgain-falbhain le grunn bhuidhnean eile agus mar sin chan urrainnear soidhnichean a' Choimisein a chur an àird san àrainn sin; ach ma dh'atharraicheas seo, tha soidhnichean againn leis an t-suaicheantas dhà-chànanach làithreach againn a tha deiseil a dhol an àird.

## **A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach**

Air feadh na bliadhna, tha an Sgioba Conaltraidh againn air seanailean taobh a-staigh a chleachdadh gus aire air a' Ghàidhlig àrdachadh am measg luchd-obrach. Ann am puist air an inneal Microsoft Teams, a tha ag obair mar chuairt-litir luchd-obrach agus mar bhòrd-brath, bha fiosrachadh mu dheidhinn cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig, ann an co-rèir ri geallaidhean a' phlana againn, a' gabhail a-steach fiosrachadh gus taic a thoirt do Sheachdain na Gàidhlig agus a' cur air adhart cothroman Gàidhlig ionnsachadh tro chlasaichean aghaidh-ri-aghaidh agus roghainnean air-loidhne: mar thoradh air na puist seo, thòisich dithis luchd-obrach air Gàidhlig ionnsachadh air an aplacaid an-asgaidh DuoLingo, a bharrachd air an dithis luchd-obrach aig an robh sgilean Gàidhlig mar-thà.

Thathar a’ brosnachadh an luchd-obrach aig an robh sgilean Gàidhlig mar-thà a bhith ga bruidhinn agus ga cleachdadh mar phàirt de na cleachdaidhean obrach làitheil aca, a’ gabhail a-steach puist-dealain, fòn agus còmhraidhean aghaidh-ri-aghaidh, a’ toirt taic don ghealltanas againn gum bithear a’ cur air adhart seasamh taiceil air Gàidhlig air feadh na buidhne. Ged nach d’fhuair an Coimisean iarrtasan sa Ghàidhlig bhon phoball rè ùine na h-aithisge seo, tha an luchd-obrach againn a’ cur fàilte air a’ chothrom a bhith a’ conaltradh ris a’ phoball sa Ghàidhlig.

Sa Mhàrt 2022, thug sinn seachad don h-uile neach-obrach eadar-theangachadh Gàidhlig airson tiotal na dreuchd aca agus bhrosnaich sinn a bhith ga chur ris an eàrr-sgrìobhadh puist-dealain aca. San t-Sultain, mar fhreagairt ri fios air ais bho luchd-obrach, thug sinn do luchd-obrach na riochdairean iomchaidh sa Ghàidhlig a dh’fhaodas iad a chur ris an eàrr-sgrìobhadh puist-dealain aca ma thogras iad. Choilean sinn seo ann an 2022-23, a dh’aindeoin ’s gun robh e sa chlàr-ama airson 2023-24 sa phlana againn. Tha sinn cuideachd a’ leasachadh teamplaid dhà-chànanach choitcheann airson soidhneadh puist-dealain a ghabhas cleachdadh leis a h-uile neach-obrach.

### Fastadh

Tha sinn a’ cur fàilte air iarrtasan-obrach bho dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig agus tha Gàidhlig air a gabhail a-steach mar sgil ion-mhiannaichte air na sanasan-obrach agus tuairisgeulan-obrach againn. Ann an co-rèir ris a’ phròiseas leantainneach againn a thaobh ath-sgrùdadh phoileasaidhean, tha am poileasaidh fastaidh againn ga ath-ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig ga gabhail a-steach gu foirmeil mar sgil obrach ion-mhiannaichte.

### Tachartasan

Bha sinn an geall air cuid de na coinneamhan poblach againn a libhrigeadh sa Ghàidhlig sna h-Eileanan Siar, air a’ Ghàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheal. San ùine aithisg 2022-23, bhruidhinn Coimiseanair an Fhearainn an Dr Sally Reynolds, aig a bheil Gàidhlig bho thùs, sa Ghàidhlig aig a’ Choinneimh Phoblaich Bhiortail againn airson nan Eilean Siar. Chleachd i a’ Ghàidhlig gus fàilte a chur orrasan a bha a’ gabhail pàirt agus i ann an dreuchd Cathraiche na coinneimh agus thug i an cothrom dhaibh an còmhradh a chumail a’ dol sa Ghàidhlig ma thogair iad.

Bha sinn an geall cuideachd air na sanasan airson nan coinneamhan poblach a bhith dà-chànanach ann an sgìrean far an robh co-dhiù 20 sa cheud den àireamh-sluaigh (na h-Eileanan Siar, Earra-Ghàidheal agus a’ Ghàidhealtachd) a’ cleachdadh na Gàidhlig – a-rithist chaidh seo a choileanadh ann an 2022-23 leis an t-sanas airson na coinneimh poblaich bhiortail againn airson nan Eilean Siar air a chruthachadh agus air a sgaoileadh gach cuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

### Conaltradh

Tha Sgioba Conaltraidh a’ Choimisein air a bhith a’ feuchainn gu dicheallach gus cleachdadh na Gàidhlig sna gnìomhachdan làitheil aca a chur am meud. Gheibhear clàr de na conaltraidhean Gàidhlig againn gu h-ìosal:

Foillseachaidhean sa Ghàidhlig – Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan	1
Puist air na meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig <ul style="list-style-type: none"> <li>▪ Tweets sa Ghàidhlig – 8</li> <li>▪ Puist Facebook sa Ghàidhlig – 3</li> <li>▪ Puist Instagram sa Ghàidhlig – 4</li> </ul> Puist LinkedIn sa Ghàidhlig – 1	16
Fiosrachadh taobh a-staigh na buidhne mu dheidhinn Gàidhlig ri fhaighinn airson luchd-obrach – MS Teams/puist-dealain	10
Brathan-naidheachd sa Ghàidhlig	1

Bidh eisimpleirean de ghnìomhachdan nam meadhanan sòisealta seo rim faotainn ma nithear iarrrtas orra. Tha an Sgioba Conaltraidh a' cumail orra a' moladh an neach-labhairt Gàidhlig againn airson agallamh nuair a tha buidhnean buntainneach a' cur fios thugainn, agus bidh Dr Reynolds an sàs ann an agallamhan Gàidhlig airson nam meadhanan mar a tha feum oirre.

Tha na foillseachaidhean againn a' cumail orra a' dlùth-leantainn ri Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig, a' cleachdadh ainmean-àite cearta, agus tha sinn toilichte gu bheil ìrean nan eadar-theangachaidhean againn a' cumail orra a' leantainn ri ìre àrd de dh'ìnbhean eadar-theangachaidh: rinn na sgrùdairean againn, Sgrùdadh Alba, dearbhadh air eadar-theangachadh na h-Aithisg Bliadhnail agus Cunntasan 2021-22 againn, a chaidh eadar-theangachadh airson an t-solaraiche eadar-theangachaidh againn, Global Language Services, le Dr Alasdair MacCaluim, eadar-theangaiche neo-cheangailte a tha cuideachd na Oifigear Leasachaidh Gàidhlig aig Pàrlamaid na h-Alba.

### **A' coimhead air adhart**

Tha sinn ag amas, agus sinn a' gluasad a-steach don dàrna bliadhna den Phlana Ghàidhlig againn, air togail air na soirbheasan a bh' againn ann am bliadhna a h-aon, a' cumail oirnn a' conaltradh ri luchd-obrach agus Coimiseanairean le cothroman gus barrachd ionnsachadh mun Ghàidhlig, a' feuchainn ri ùidh ann an cultar na Gàidhlig fhisge a-steach ann an cultar na buidhne againn. Bidh sinn a' cumail oirnn a' cumail sùil air na seirbheisean eadar-theangachaidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt seachad an inbhe as àirde a thaobh sheirbheisean cànan agus sinn ag amas air an raon de fhoillseachaidhean corporra a tha rim faotainn tron Ghàidhlig a chur am meud.

### **Co-dhùnadh**

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig, an dà chuid airson cultar agus dualchas na h-Alba agus mar rudeigin a bhios a' cur ri beatha làitheil san latha an-diugh. Tha sinn an geall air Gàidhlig a chur air adhart tro na seanailean againn taobh a-staigh na buidhne agus taobh a-muigh dheth agus bidh sinn a' cumail oirnn a' toirt taic don luchd-obrach agus Coimiseanairean againn nan oidhirpean gus a' Ghàidhlig ionnsachadh.

Tha sinn toilichte, agus sinn a' coileanadh na ciad bhliadhna de dh'aithriseadh, leis an adhartas a rinn sinn gus am plana Gàidhlig againn a thoirt gu buil agus bidh sinn a' cumail oirnn leis ar n-oidhirpean gus a' Ghàidhlig amalachadh a-staigh sna cuairtean foillseachaidh agus conaltraidh againn.

# BÒRD NA GÀIDHLIG

## FOIRM DÀTA BLIADHNAIL 2022-2023

### ANNUAL RETURN FORM 2022-2023

<b>Ainm na buidhne</b> <b>Organisation's name</b>	Coimisean Fearainn na h-Alba Scottish Land Commission
--	--

### Prìomh Dhàta Measaidh Primary Indicator Data

<b>Fios bhon Phoball</b> <b>Communications from the Public</b>	Cia mhead brath sgrìobhte a fhuair am buidheann bhon phoball ann an Gàidhlig am-bliadhna? How many written communications have the organisation received from the public in Gaelic this year?	Cha robh gin.
<b>A' sgaoileadh fiosrachaidh</b> <b>Dissemination of information</b>	Cia mhead pìos a sgaoil am buidheann air na meadhanan sòisealta ann an Gàidhlig am-bliadhna? How many posts did the organisation distribute on social media in Gaelic this year?	16
	Cia mhead fios-naidheachd a chaidh a sgaoileadh leis a' Bhuidheann anns a' Ghàidhlig am-bliadhna? How many press releases did the organisation publish in Gaelic this year?	Aon
<b>Luchd-obrach</b> <b>Staff</b>	Cia meud neach-obrach a fhuair cothrom trèanaidh ann an sgilean Gàidhlig am-bliadhna? How many staff received Gaelic skills training this year?	Dithis
	Cia mhead dreuchd a th' agaibh an-dràsta far a bheil Gàidhlig ann mar sgil riatanach? How many posts do you currently have where Gaelic is an essential skill?	Cha robh gin.
	Cia mhead neach-obrach a th' agaibh an-dràsta aig a bheil sgilean Gàidhlig? How many staff currently within the organisation have Gaelic skills?	Dithis luchd-obrach Dithis choimiseanairean

<p><b>Foillseachaidhean</b> <b>Publications</b></p>	<p>Cia mheud foillseachadh a dh'fhoillsich am buidheann gu dà-chananach am-bliadhna? How many organisational publications have been published bilingually (Gaelic and English) this year?</p>	<p>Aon</p>
<p><b>Inbhe</b> <b>Status</b></p>	<p>Cia mheud soidhne dà-chananach a chuir am buidheann an àirde am-bliadhna? How many new bilingual signs has the organisation erected this year?</p>	<p>Chan eil seo iomchaidh – Faic an aithris cheangailte.</p>

<p><b>Prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig</b> <b>National Gaelic Language Plan Priorities</b></p>	
<p><b>Cleachdadh na Gàidhlig / Using Gaelic</b> Ciamar a tha a' bhuidhinn a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig? How is the organisation increasing the use of Gaelic?</p>	
<p>Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt cothroman don luchd-obrach a bhith ga h-ionnsachadh, a' brosnachadh luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig an cuid sgilean a chur gu feum airson adhbharan obrach, a' cur air adhart an neach-labhairt Gàidhlig againn airson beachdan is agallamhan dha na meadhanan, a' meudachadh faotainneachd nam foillseachaidhean corporra againn bliadhna an dèidh bliadhna, agus a' cur am meud cleachdadh na Gàidhlig air àrd-ùrlaran nam meadhanan sòisealta againn.</p>	
<p><b>Ionnsachadh na Gàidhlig / Learning Gaelic</b> Ciamar a tha a' bhuidhinn a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig? How is the organisation increasing the learning of Gaelic?</p>	
<p>Tha Coimisean Fearainn na h-Alba an geall air cothroman a thoirt don luchd-obrach aige gus Gàidhlig ionnsachadh. Thathar a' cur air adhart cùrsaichean Gàidhlig, an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, ri luchd-obrach air innealan conaltraidh taobh a-staigh na buidhne, a' gabhail a-steach air MS Teams agus le post-dealain.</p>	
<p><b>A'cur air adhart na Gàidhlig / Promoting Gaelic</b> Ciamar a tha a' bhuidhinn a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig? How is the organisation promoting a positive image of Gaelic?</p>	
<p>Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig le bhith a' brosnachadh luchd-obrach a bhith ga h-ionnsachadh agus ga cleachdadh; ga gabhail a-steach air gnìomhachdan nam meadhanan sòisealta againn; a' gabhail a-steach tweets taiceil bho BhnG; ga gabhail a-steach air tachartasan a tha ag amas air sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn, a' gabhail a-steach Coinneamhan Poblach Bhiortail; agus a' meudachadh a faotainneachd le bhith a' cur am meud an àireamh de foillseachaidhean corporra a tha rim faotainn sa Ghàidhlig gach bliadhna.</p>	